

Cuairt-litir na Seirbheis Dualchais – Iris an Earraich - An Giblean 2022

Suirbhidh Museum & Tasglann nan Eilean – bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn

Airson ar cuideachadh a' planadh airson an àm ri teachd agus a' deisealachadh airson [barantachadh](#) bu mhath le Museum & Tasglann nan Eilean ur beachdan fhaighinn. Co-dhiù tha no nach eil sibh air ur seirbheisean a chleachdadh no air tadhal oirnn, bu mhath leinn nan cuireadh sibh crìoch air [an t-suirbhidh](#) ghoirid seo. Dh'fhaodadh sibh aon de thrì bileagan-theist-d luach £50 a bhuannachadh. Tha an rannsachadh seo air a mhaoineachadh le Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba.

Leabhar-dhealbh Alba – Cruinneachadh MhicFhionghain

Tha an [taisbeanadh air chuairt](#) mòr-chliùiteach seo bho Ghailearaidhean Nàiseanta na h-Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba air fosgladh bho chionn ghoirid ann am Museum nan Eilean, Steòrnabhagh. 'S e a' chiad thaisbeanadh air an làraich againn bho shamhradh 2019 agus tha a h-uile coltas ann gu bheil e a' còrdadh gu mòr ri daoine.

Chaidh na dealbhan a chruinneachadh le Moireach MacFhionghain agus tha iad a' toirt seallaidh dhuinn air beatha agus fèin-aithne ann an Alba bho na 1840an gu na 1940an – linn a chunnaic cruth-atharrachadh agus innleachd. Tha an taisbeanadh a' toirt cliù do thaghadh beag às an 15,000 dealbh a th' anns a' chruinneachadh, nam measg cuid às na h-Eileanan an Iar. Cuideachd anns an taisbeanadh tha leabhraichean-dhealbh nach fhacas riamh roimhe às na cruinneachaidhean againn fhìn.

Tha [Prògram Chur-seachadan](#) cuideachd an cois an taisbeanaidh. Tha e air feadh an eilein agus na mheasg tha òraidean Neach-tasgaidh, obraichean ealain agus ceàird stèidhichte air an taisbeanadh dhan teaghlach air fad, bùithean-obrach air togail dhealbh camara dhan a h-uile aois agus farpais sgoiltean. Le sin cumaibh sùil air an duilleig seo agus air ar meadhanan sòisealta airson tachartasan ri teachd. Air a mhaoineachadh le Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, Riaghaltas na h-Alba agus Maoin nan Ealain, bidh an taisbeanadh ri fhaicinn chun an 18mh là dhen Ògmhios. Seo an t-àite mu dheireadh anns am faicear e 's le sin dèanaibh cinnteach **nach caill sibh e.**

Soirbheachadh le maoin glèidhteachais

Bho chionn ghoirid fhuair Tasglann nan Eilean tabhartas luach £1,600 bho [Urras Glèidhteachais Nàiseanta Làmh-sgrìobhainnean](#) airson na clàran aig [Bòrd Sgoiltean Bharraigh](#) a ghlèidheadh. Tha còig de na leabhraichean cunntais ann an suidheachadh glè chugallach mar thoradh air a bhith air an cumail uaireigin ann an àite truagh. Tha clòimh-liath gan dèanamh nan cunnart slàinte, a' ciallachadh nach fhaodar an cleachdadh. Am measg chuspairean eile tha na clàran nan stòras cudromach de dh'fhiosrachadh a thaobh eachdraidh foghlaim, cosnadh luchd-teagaisg, slàinte a' phobaill, suidheachaidhean sòisealta agus cleachdaidhean ionadail. Tha iad a' cur ris an fhiosrachadh a tha ri fhaighinn ann an leabhraichean-loga sgoiltean fa leth, agus chan eil cruinneachadh slàn dhiubh sin ann. Tha an obair ga dhèanamh leis an neach-glèidhidh sònraichte airson tasglainn aig Tasglann na Gàidhealtachd ann an Inbhir Nis. Tha e a' ciallachadh gun urrainn dhuinn an cruinneachadh a chleachdadh san àm ri teachd airson rannsachadh, taisbeanaidhean agus pròiseactan.

Crìoch air Pròiseact Sònraichte...Arc-eòlas air Dùsgadh a' tòiseachadh

Thainig am [Pròiseact Sònraichte](#) gu crìch sa Mhàirt agus mar thoradh air chaidh catalog slàn a dhèanamh de mu 200 bogsa de chruinneachaidhean arc-eòlach a tha aig Museum nan Eilean. Chaidh dealbhan a thogail de na nithean agus chaidh an cur air dòigh as ùr. Bha an cruinneachadh mu dheireadh à Hiort, bho chladhach a rinneadh anns na 1980an. Bha taghadh de nithean ann a thàinig à trì taighean agus aon òcrach. Chaidh an lorg eadar deireadh an naoidheamh linn deug agus tràth san fhicheadamh linn.

Chuidich am pròiseact sinn ann a bhith ag aithneachadh coimeas rannsachaidh agus com-pàirteachaidh a dh'fhaodadh a bhith aig na nithean san àm ri teachd agus mar a dhèanadh sinn

feum na b'fheàrr dha na h-àiteachan stòraidh anns an taigh-tasgaidh. Mar phàirt den phròiseact rinn sinn mean atharraichean air a' phoileasaidh againn a thaobh dè na nithean àrc-eòlach a bu chòir dhuinn a ghlèidheadh ann an cruinneachaidhean an taigh-tasgaidh. Fhad 's a thathas a' cladhach tha a h-uile dad a tha tighinn am bàrr air a chruinneachadh agus air a mheasadh. Nuair a tha mion-sgrùdadh dèante, mar as trice tha an t-arc-eòlaiche a tha os cionn a' chladhaich a' cur rian air an stuth gus nach eil ach nithean buntainneach air an glèidheadh agus 's e an cruinneachadh nithean sin a thathar a' tasgadh san taigh-tasgaidh. Aig an àm cha do thachair seo agus leig am pròiseact dhuinn a dhèanamh mar phàirt den rannsachadh.

Ach chan e sin deireadh na sgeòil! Tha Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba air maoin a bharrachd a thoirt dhan t-seirbheis dualchais airson tòiseachadh air pròiseact ùr '[Arc-eòlas air Dùsgadh](#)'. Tha seo ag amas air fòcas a chur air cruinneachadh mòr de nithean arc-eòlach bho Thràigh na Beirghe, airson piseach a thoirt air an dòigh anns a bheilear ga riaghladh, ga chlàradh, ga ghlèidheadh agus ga leigeil fhaicinn. Tha an pròiseact cuideachd airson taisbeanaidhean agus bùithean-obrach a lìbhrigeadh gu buidhnean eadar-dhealaichte airson an dèanamh mothachail air cruinneachaidhean an taigh-tasgaidh.

Hebridean Connections

Tha [Hebridean Connections](#), an tasglann didseatach coimhearsnachd, air a bhith gu math trang fad grunn mhìosan, a bharrachd air sgrùdaidhean teicnigeach leantainneach. Ghabh an cuidiche aig Hebridean Connections pàirt ann am [Prògram Aiseig Eòlais](#) aig Taigh-tasgaidh Bhreatainn, ag ionnsachadh bho phroifeiseantaich eile, gus am b' urrainn dhith a fèin eòlas air na gnàthachasan as fhèarr a roinn le co-obraichean san t-Seirbheis Dualchais. Ghabh i os làimh cuideachd dèanamh cinnteach gu robhas a' cumail ris an lagh a thaobh data airson cleachdadh clàraichean Hebridean Connections a cheadachadh mar shàr-smaoin airson an taisbeanaidh iongantach [Local Heroes](#) anns An Lanntair. Chaidh an taisbeanadh a chur air dòigh le Befriending Lewis and Harris, carthannas a tha a' dèiligeadh ri iomallachd agus aonranachd.

Èistibh ri seo!

Radio 4 Living History

Museums can help shape our future by telling the stories of ordinary people's lives, says Neil MacGregor

The Museums That Make Us
Monday-Friday 14.5pm Radio 4

LONDON MUSEUMS GET MOST of the media attention," says Neil MacGregor, the former British Museum and National Gallery director, and a man who would know. "But everywhere you look in the UK, local museums are working with their communities to do really important things. Instead of showing us who we used to be, these museums are now letting us decide who we want to be. They are engaging with their public in amazing new ways, and the past is being used to help us think about the future."

In a follow-up to his 2010 Radio 4 series *A History of the World in 100 Objects*, the six-part *The Museums That Make Us* finds MacGregor travelling the length and breadth of the UK to discover more about the work being done in museums outside the capital.

Here he chooses five objects that he believes best represent the radical shift in what British museums are now doing - and how they help us shape our future...

SYMBOL OF HOPE
The Alnham Farm Raiders memorial and drawing of the monument by Will Maclean

Museum's Benjamin van Elteren, Stoneyway

This huge memorial commemorates a bitter fight for land in 1888 after the injustices of the Highland Clearances, when impoverished crofters attempted to take back the land and were arrested and jailed. The monument was commissioned by the local community and built in 1995, while the drawing in the museum is by the man who designed it, Will Maclean. The 5m-high cairn is split in half to show division and has jagged stones protruding in the gaps, representing weapons and wounds. The community now has the right to buy the land, so the memorial has become a hopeful symbol that has brought it together. The museum is where you need to discuss the history of land ownership in the past and what you want to do about it now.

MAKING HISTORY
Smith of Derby clock

The recently renovated and reopened Museum of Making is on the site of a former silk mill that was probably the first fully mechanised factory in the world. What they have done is transform the space from a place that showed old machines into a museum of how things are made today. It's a little like the Repair Shop, except that the museum also works with local employers such as Roll-Choice to encourage apprenticeships.

This 19th century clock used to be on the tower in the town square, so everybody knew it. But when it needed to be repaired, the work took place in the central part of the museum with local craftsmen - there is no "behind the scenes" in this museum.

If you think about what's happening in all five of these stories, what's so interesting is that what was previously in the background, not spoken about or seen, is now front and centre and the basis for future conversations.

LANDMARK WEDDING
Over the Pier wedding outfits

From the time of the Prince Regent, Brighton has always seen itself as "out there", of pleasure and sexual freedom. It's been the gay capital of Britain for quite some time so the museum wanted to ask, "does that mean now?" The history of oppression faced by the LGBTQ+ community hasn't been told and they wanted to be story not just for people in this country but also for the tourists from overseas in a student population in the city.

There is a collection of costumes in last 50 to 60 years, but this community curated exhibition offered a chance for the wedding outfits of the first two Brighton to get legally married to each other in the programme, we ask them what for them to see their outfits in the museum to be part of history. What they've done becomes something important to talk about because the battle for gay rights goes

Bho chionn ghoirid bha pàirt aig Museum & Tasglann nan Eilean anns an t-sreath phrògraman '[The Museums That Make Us](#)' air Rèidio 4.

Shiubhail Niall MacGriogair, a b' àbhaist a bhith os cionn Taigh-tasgaidh Bhreatainn, fad agus farsaing air feadh na dùthcha airson coimhead ri mar a tha taighean-tasgaidh mar sgàthain air fèin-aithne agus miann-adhartais an coimhearsnachdan ionadail. Bhruidhinn e ri Caitriona NicCumhais agus Seònaid NicDhòmhnaill bhon t-Seirbheis Dualchais agus ri Agnes Rennie, Cathraiche Urras Ghabhsainn, mun dealbh aig Will MacIleathainn de Chàrn Cuimhneachaidh Strì an Fhearainn ann an Aiginis a tha ri fhaicinn san Taigh-tasgaidh agus mar a tha e a' buntainn ri cuspair an fhearainn, an-diugh agus san àm a dh'fhalbh. Chaidh iad cuideachd a choimhead air a' Chàrn. Chuir Niall MacGriogair a chuairt do na h-eileanan air adhart mar am prìomh àite a chòrd ris air a chuairt ann an ro-shealladh air an t-sreath san *Radio Times*. Thuirte cuideachd cho toilichte 's a bha e Fir-Tàilìs Lèòdhais fhaicinn ann am Museum nan Eilean oir b' esan an Stiùiriche a bha air Taigh-tasgaidh Bhreatainn nuair a chaidh an t-iasad a chur air dòigh.

Làn làraidh dhan Tasglann!

Chaidh an cruinneachadh aig Stuart Bagshaw a thairgsinn dha Tasglann nan Eilean ann an 2019 – cruinneachadh cudromach co-cheagailte ri ailtireachd. Chionns gur e cruinneachadh mòr a th' ann, a dh'fheumadh a bhith air a ghluasad agus air a chlàradh a-steach dhan tasglann, cha deach againn air sealbh a ghabhail ach air beagan dheth mus do bhuail Covid sa Mhàirt 2020.

An àite feuchainn ris a' chruinneachadh a ghluasad na phiosan beaga, rud a bheireadh bliadhnaichean, cho-dhùin sinn gu faigheamaid airson seachdain trèilear mòr a ghabhadh fhuarachadh, a leigeadh leinn an cruinneachadh air fad a reothadh aig an aon àm. Bha aig an tasglann air fad ri bhith air a chòmhdach le polythene airson a dhèanamh deiseil airson reothadh aig fuairid nas ìsle na -30°, airson biastagan a mharbhadh. An dèidh a bhith air a reothadh airson seachdain chaidh an cruinneachadh a thoirt dhan Ghailearaidh Thaisbeanaidhean Sònraichte airson a thilleadh chun àbhaist. Thairis air na seachdainean a lean chaidh an còmhdach a thoirt bhon a h-uile dad, chaidh an cur ann am bogsaichean tasglainn saor o shearbhagan agus an gluasad gu stòr an tasglainn, a' cumail ri òrdugh nam faidhlichean. An dèidh crìoch a chur air an obair seo thathar anis an dòchas gu faighear lorg air maoin a cheadaicheas làn chatalog a dhèanamh dhen chruinneachadh.



Cuid de chruinneachadh Stuart Bagshaw a' tilleadh chun àbhaist an dèidh a bhith air a reothadh fad seachdain

Pròiseact Cruinneachaidhean Foillsichte/Collections Revealed

Le taic airgid bho Bhòrd na Gàidhlig tha sinn an-dràsta ag obair còmhla ri eadar-theangair Gàidhlig neo-cheangailte air pròiseact a chruthaicheas catalog, a nì tar-sgrìobhadh agus eadar-theangachadh air cruinneachadh an Tasglainn de chlàran fuaim Gàidhlig. Theid gearr-chunntasan dà-chànanach agus tagaichean luirg a chruthachadh airson gach clàradh. Cumaibh sùil a-mach airson an tuilleadh naidheachdan air ar meadhanan sòisealta mar a tha am pròiseact seo a' dol air adhart.

Guthan : Sgeulachd na Coimhearsnachd

Bithidh Tasglann nan Eilean ag obair ann an co-bhuinn ris an [Scottish Council on Archives](#) thairis air an t-samhradh airson pàirt a ghabhail anns a' phròiseact nàiseanta seo, mar phàirt de dh'iomairt a' comharrachadh Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba 2022. Bidh fòcas a' phròiseact air daoine a ghluais a dh'Alba, a' toirt guth dha na sgeulachdan aca agus a' leigeil le cuid dhiubh sin a bhith air an glèidheadh mar phàirt de na cruinneachaidhean tasglainn againn. Bheir an SCA seachad trèanadh agus comhairle a thaobh nan dòighean as fheàrr tasglann a chruthachadh, a' gabhail a-steach trèanadh ann am beul-aithris agus glèidheadh an cruthan didseatach a bharrachd air cothrom a thoirt coinneachadh ri daoine eile agus com-pàirtichean ùra a chruthachadh. Tha seo a' togail air pròiseact dearbhaidh ann an 2021, [Voices -The Hebridean Story](#). B' e an t-amas a bha aig a' phròiseact seo agallamhan a dhèanamh, am foillseachadh agus an tasgadh airson dealbh fhaighinn air mar a thachair do dhaoine a bha a' fuireach sna h-Eileanan an Iar tro mòr-ghalair Covid-19.